

Sgeama Dìon Buidhnean So-leònte

Sgrùd Airson Dìon

1. RO-RÀDH

Ann an 2010, tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt a-steach sgeama ballrachd ùr a ghabhas àite agus a leasaicheas na rèiteachaidhean foillseachaidh airson daoine a tha ag obair le buidhnean so-leònte. Bidh an Sgeama Dìon Buidhnean So-leònte (Sgeama PVG):

- na chuideachadh gus dèanamh cinnteach nach eil eachdraidh aithnichte giùlan chronail aig an fheadhainn aig a bheil ceangal cunbhalach le clann agus inbhich dhìonta tro obair phàighte agus neo-phàighte,
- luath agus furasta a chleachdadh, a' lùghdachadh an fheum airson foirm-tagraidh mionaideach a lìonadh a h-uile turas a bhios feum air sgrùdadh foillseachaidh airson buill Sgeama PVG,
- a' ruighinn cothromachadh eadar dìon co-rèireach agus riaghladh làidir agus ga dhèanamh nas fhasa airson fastaichean dearbhadh cò air a bu chòir dhaibh sgrùdadh a dhèanamh airson a' bhuidheann luchd-dèiligidh aca a dhìon.

Tha an leabhran seo ag amas air fiosrachadh farsaing a thoirt seachad mun sgeama PVG. Tha e ri fhaotainn ann an riochdan diofraichte air-loidhne agus mar lethbhreac cruaidh gus an tèid aig buidhnean air an sgaoileadh gu furasta chun an luchd-obrach aca, saor-thoilich, buill agus luchd-dèiligidh. Tha fiosrachadh nas mionaidiche mun sgeama, nam measg ceistean a thathar a' faighneachd gu tric, ri fhaotainn air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba. Tha seòlaidhean làraich-lìn agus fiosrachadh ceangail ri fhaighinn air duilleagan 11 agus 12.

2. BUN-FHIOSRACHADH

Is e an Sgeama PVG freagairt na h-Alba ris a' phrìomh mholadh aig Aithisg Rannsachaidh Bichard a chaidh a ghabhail os làimh às dèidh na murtan uamhasach ann an Soham ann an 2002. Bha am moladh seo ag iarraidh siostam clàraidh airson a h-uile duine a tha ag obair le clann agus inbhich so-leònte anns an RA a dhearbhadh nach eil adhbhar aithnichte carson nach fhaodadh neach fa leth obrachadh leis na buidhnean dèiligidh seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba dealasach a thaobh a bhith a' cuideachadh coimhearsnachdan ionadail gus soirbheachadh agus a bhith nan àiteachan a tha nas làidire agus nas sàbhailte airson fuireach. Tha e air togail air na chaidh ionnsachadh bho na seirbheisean foillseachaidh agus dì-chòireachaidh a tha ann an Alba an-dràsta airson sgeama ballrachd èifeachdach a' leasachadh a neartaicheas dìon airson buidhnean so-leònte agus a lùghdaicheas biurocrasaidh.

3. CÒ AIR A BHEIR AN SGEAMA PVG BUaidH?

Bheir an sgeama PVG buaidh air roghainn farsaing agus caochlaideach de bhuidhnean air feadh nan roinnean reachdail, saor-thoileach agus prìobhaideach a tha a' tairgsinn seirbheisean, cur-seachadan agus goireasan airson clann agus inbhich dhìonta. Thathar an dùil gun gabh eadar 700,000 agus 800,000 neach, re ùine, a tha ann an obair riaghailte pàighte no gun phàigheadh, ballrachd san sgeama PVG. Bidh stiùireadh agus trèanadh air farsaingeachd obair riaghailte ri fhaotainn airson buidhnean san àm mus tèid an sgeama a chur air bhog.

4. CIAMAR A DH'OBRAICHEAS AN SGEAMA PVG?

Bidh an sgeama PVG air a stiùireadh 's air a libhrigeadh le Foillseachadh Alba a ghabhas, mar aonad gnìomha de Riaghaltas na h-Alba, uallaichean a bharrachd orra fhèin. Nam measg seo bidh gabhail cho-dhùnaidhean, às leth nam Ministearan Albannach, a thaobh cò a bu chòir a bhith air am bacadh bho bhith ag obair còmhla ri buidhnean so-leònte.

A thuilleadh air a bhith a' neartachadh dìontan airson clann, bidh an sgeama PVG a' leasachadh dìon airson inbhich a chionn 's, airson a' chiad turas ann an Alba, gum bidh liosta ann de dhaoine a tha air am bacadh bho bhith ag obair le inbhich so-leònte (tha liosta ann mar-thà dhen fheadhainn a tha air am bacadh bho bhith ag obair le clann). Is e a th' ann an inbheach dìonta ach neach, a tha 16 no barrachd, a tha a' faighinn aon no barrachd de sheirbheis slàinte, cùram no sochairean an dà chuid gu cunbhalach no airson ùine ghoirid.

Bidh daoine a tha ag obair, air stèidh chunbhalach, le buidhnean so-leònte a' gabhail ballrachd san sgeama PVG agus, bho sin a-mach, thèid am fiosrachadh ballrachd aca ùrachadh sa bhad ma nochdas fiosrachadh breithneachaidh as ùr. Is e a th' ann am fiosrachadh breithneachaidh ach fiosrachadh mu dhèidh a tha air fhaighinn bho na siostaman ceartas eucorach agus fiosrachadh neo-dhìtidh a tha air a chumail leis a' phoileas agus a thathar a' meas mar buntainneach.

Le bhith a' cumail a' cruinneachadh fiosrachadh breithneachaidh às dèidh do neach ballrachd a ghabhail ann an sgeama PVG, cuidichidh e gus dèanamh cinnteach gum faodar gluasad gun dàil air fiosrachadh ùr a tha a' comharrachadh gum faodadh iad a bhith nan cunnart airson buidhnean so-leònte. Anns a' chuid as motha de chùisean, cha bhith fiosrachadh breithneachaidh ùr ann a tha buntainneach ris an obair aca le buidhnean so-leònte.

A thuilleadh air an sin, bidh buidhnean air chomas tar-chur a dhèanamh ri Foillseachadh Alba ma nì iad rannsachadh agus ma cho-dhùineas iad gu bheil neach air e/i fhèin a ghiùlan ann an dòigh a tha cronail ri buidhnean so-leònte. Bidh dòighean-obrach làidir agus stiùireadh soilleir ri fhaotainn gus dèanamh cinnteach gu bheil buidhnean a' dèanamh tar-churan a tha iomchaidh agus cothromach.

Ann an suidheachaidhean far a bheil breithneachadh no fiosrachadh tar-chur a' comharrachadh gum faodadh neach a bhith na chunnart airson buidhnean so-leònte, beachdachaidh Foillseachadh Alba air an fhiosrachadh uile a tha ri fhaotainn mus ruig iad co-dhùnadh co-dhiù a bu chòir beachdachadh air neach a chlàradh air aon no na dhà de na liostaichean bacaidh. Ma thathar a' beachdachadh air neach airson clàradh, bidh Foillseachadh Alba air chomas tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn bho àiteachan eile, leithid luchd-fastaidh no buidhnean oifigeil.

Thèid co-dhùnaidhean mu dhì-chòireachadh an dèanamh le dòigh-obrach a tha mionaideach agus cothromach. Bidh cothrom aig an neach air an fhiosrachadh gu lèir mu bheilear a' beachdachadh agus faodaidh iad tagradh sgrìobhte a chur chun an Sgeama PVG. Bidh na tagraidhean seo nam pàirt chudromach dhen dòigh san tèid co-dhùnadh a ruighinn. Fhad 's a tha e/i fo bheachdachadh airson clàradh, faodaidh an neach cumail orra ag obair le buidhnean so-leònte ach feumar fios a leigeil gu buidhnean sam bith le ùidh annta gu bheil an inbhe ballrachd Sgeama PVG aca air atharrachadh.

Ma tha, às dèidh measadh cùramach, neach air a mheasadh mar chunnart agus mar sin, mì-fhreagarrach airson obrachadh le clann no inbhich dhìonta, no an dà chuid, cuiridh Foillseachadh Alba iad air aon no an dà liosta airson feadhainn a th 'air am bacadh. Bidh seo a ciallachadh nach urrainn dhan neach a bhith na bhall dhen Sgeama PVG co-cheangailte ri aon no an dà raon obrach. Bidh e na chiont airson neach a th 'air a bhacadh – agus airson buidheann a cheadaicheas an neach sin – leithid de dh'obair a ghabhail os làimh. Bidh siostam tagraidh air a stèidheachadh airson neach sam bith a tha ag iarraidh dùbhlán a thoirt do cho-dhùnadh bacaidh.

Bidh neach a th 'air a bhacadh bho bhith ag obair le clann, inbhich dhìonta no an dà chuid, ann an Alba, cuideachd air am bacadh air feadh a' chòrr dhen RA agus mar an ceudna an rathad eile oir bidh an Sgeama PVG ag amladh a-steach ris na siostaman a thathar a' leasachadh airson Sasainn, a' Chuimrigh agus Èirinn a Tuath.

Tha an Sgeama PVG a' toirt a-steach diofar sheòrsachan foillseachaidh a tha ag amas air freagairt ri feumalachdan diofraichte agus an dòigh-obrach foillseachaidh a dhèanamh cho saor, luath agus èifeachdach sa ghabhas. Tha barrachd fiosrachaidh mu dheidhinn nan diofar sheòrsachan foillseachaidh agus ìrean cosgais air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba.

Is e aon de na buannachdan mu bhith nad bhall den Sgeama PVG gun toir e lùghdachadh mòr air an fheum airson daoine a bhith a' lìonadh a-steach foirm-tagraidh mionaideach a h-uile turas a dh'atharraicheas iad obair no a thig atharrachadh air na suidheachaidhean obair saor-thoileach aca.

Bidh e na bhuannachd eile gum faod buidhnean, mar phàirt dhen dòigh-fastaidh sàbhailte aca, sgrùdadh luath agus sìmplidh a dhèanamh gus dearbhadh gu bheil neach na bhall den Sgeama PVG agus nach eil iad mar sin air am bacadh bho bhith ag obair le clann no inbhich dhìonta no an dà chuid.

Bidh e fhathast an-asgaidh sgrùdaidhean a dhèanamh air luchd-obrach shaor-thoileach a tha ag obair anns an raon shaor-thoileach iomchaidh, le buidhnean so-leònte.

Bidh an Sgeama PVG cuideachd a' neartachadh dìon airson buidhnean so-leònte an an suidheachaidhean far a bheil daoine air am fastadh air stèidh phearsanta. Bidh fastaichean pearsanta – leithid pàrant a tha a' fastadh coidse spòrs dhan leanabh aca no neach a tha a' fastadh neach-cùram pearsanta – air chomas sgrùdadh a dhèanamh feuch a bheil neach na bhall den Sgeama PVG.

5. CUIN A THÒISICHEAS AN SGEAMA PVG?

Thathar an dùil gun tèid an Sgeama PVG a chur air bhog aig dheireadh 2010 agus, aig an àm foillseachaidh, bha an ceann-là mionaideach fhathast gun dhearbhadh le Riaghaltas na h-Alba.

Às dèidh a chur air bhog, thathar an dùil gun toir e ceithir bliadhna an Sgeama PVG a thoirt a-steach gu lèir.

Sa chiad bhliadhna às dèidh tòiseachadh, cha bhi an Sgeama PVG ach ri fhaotainn dhaibhsan a tha a' faighinn obair an luib buidhnean so-leònte airson a' chiad uair, a' gluasad obair no iadsan far a bheil suidheachaidhean ag atharrachadh. Cumar a' dol le tagraidhean airson ballrachd a ghabhail san sgeama le freagairtean gan toirt seachad air pàipear.

Anns a' bhliadhna às dèidh tòiseachadh, bidh an siostam teàrainte ùr, dealanach Sgeama PVG air chothrom a' ciallachadh gum bidh buidhnean agus daoine fa leth air chomas conaltradh ris an sgeama air-loidhne.

Goirid às dèidh dhan siostam dealanach a dhol beò thathar an dùil gun tòisich buill a tha mar phàirt dhen luchd-obrach buidhnean so-leònte mar-thà air tighinn a-steach dhan Sgeama PVG. Tha dùil gun toir seo trì bliadhna agus thèid a dhealbhadh sa thoirt a-steach aig ìrean ann an com-pàirteachas ri buidhnean gus an t-uallach rianachd a lùghdachadh.

6. DÈ AN CUIDEACHADH A BHIOS RI FHAOTAINN?

Bidh pasgan co-òrdanaichte agus coileanta de dh'fhiosrachadh, stiùireadh agus stuthan treànaidh ri fhaotainn suas gu, agus às dèidh, a dhol beò. Tha taic ga chumail ris an seo le sreath de thachartasan fiosrachaidh agus treànaidh.

7. DÈ IS URRAINN DO BHUIDHNEAN A DHÈANAMH AIRSON DEISEALACHADH?

A thuilleadh air a bhith a' cumail suas chun an uair le adhartas, gnìomhan agus tachartasan le bhith a' tadhal air na làraich-lìn a th' air an liostadh aig dheireadh an leabhraìn seo, faodaidh buidhnean na rudan a leanas a dhèanamh.

– Dèan cinnteach gu bheil poileasaidhean agus dòighean-obrach dìon iomchaidh airson fastadh sàbhailte, clann agus/no inbhich an sàs. Fhad 's a bhios seo cumanta gu leòr airson buidhnean mòra, ma dh'fhaoidte nach bidh airson buidhnean nas lugha. Tha caochladh fhoillseachaidhean ann mu dheidhinn fastadh sàbhailte.

Fastadh nas Sàbhailte Tro Stiùireadh Fastaidh nas Fheàrr – Riaghaltas na h-Alba
www.scotland.gov.uk/Publications/2007/03/13154149/0

Sgrùdaidhean nas Sàbhailte Ro agus às Dèidh Cosnadh – SNSAlba
www.show.scot.nhs.uk

Fastadh nas Sàbhailte airson Seirbheisean nas Sàbhailte – Coimisean Cùraim
www.carecommission.com

– Cùm liosta de dhreuchdan (pàighte agus neo-phàighte) a dh'fheumas sgrùdadh foillseachaidh nas doimhne agus fios air cuin a chaidh sgrùdadh a dhèanamh mu dheireadh air na daoine a th' anns na dreuchdan. Faodaidh seo a bhith feumail ann a bhith a' dearbhadh cò a bu chòir a bhith na bhall den Sgeama PVG nuair a thòisicheas am pròiseas trì bliadhna airson an luchd-obrach a thoirt a-steach aig diofar ìrean.

– Ma tha a' bhuidheann agaibh clàraichte an-dràsta le Foillseachadh Alba, feuch gun dèan sibh cinnteach gu bheil am fiosrachadh a leanas air a chumail le Foillseachadh Alba mun a bhuidheann agaibhse fhathast cuimseach agus suas chun an uair.

1. An liosta de cho-shoighneachaidhean agus am fiosrachadh ceangail aca (a' gabhail a-steach an seòladh post-d aca far a bheil sin comasach) a chionn 's fon Sgeama PVG, feumar fhathast tagraidhean a cho-shoighneadh.

2. An aithris taic airson na buidhne agaibh a tha a' mìneachadh an adhbhair a tha sibh ag iarraidh foillseachaidhean coitcheann agus leudaichte fon siostam a th' ann an-dràsta. Feumaidh sibh seo nuair a tha sibh ag iarraidh ballrachd Sgeama PVG. Bu chòir fiosrachadh mu na dreuchdan mu bheilear a-mach a bhith san aithris seo.

Ma tha sibh airson ùrachadh a thoirt air an fhiosrachadh a th' air a chumail, no an liosta làithreach de cho-shoighneachaidhean a dhearbhadh, feuch gun cuir sibh postd bhon neach clàraichte (am prìomh neach-soighnidh) gu dscompliance@disclosurescotland.gsi.gov.uk
Ag innse an còd buidhne clàraichte agaibh.

Ma tha a' bhuidheann agaibh clàraichte leis a' Phrìomh Buidheann Clàraichte ann an Alba (PBCA), feuch gun dèan sibh cinnteach gu bheil an liosta de luchd-soighnidh agus am fiosrachadh ceangail aca a tha air a chumail le PBCA suas chun an uair (a' gabhail a-steach an seòladh post-d aca far a bheil sin comasach). Tha seo air sàilleabh 's gum feumar fhathast fon Sgeama PVG, tagraidhean a cho-shoighneadh leis am PBCA às leth nam buidhnean a tha clàraichte aige.

Ma tha sibh ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh no airson ùrachadh a thoirt air an fhiosrachadh a tha air a chumail leis am PBCA, feuch gun cuir sibh post-d bhon neach-soighnidh clàraichte gu info@crbs.org.uk no fòn 01786 849777.

8. LÀRAICH-LÌN FHEUMAIL

– DUILLEAG LAIGHE SGEAMA PVG

www.infoscotland.com/pvgscheme

Chaidh an duilleag lìn seo a chruthachadh gus daoine a chuideachadh le bhith gan stiùireadh chu na làraich-lìn is iomchaidh agus as buntainnaiche a rèir na feumalachdan aca.

LÀRAICH-LÌN EILE

- Riaghaltas na h-Alba, Sgeama PVG

www.scotland.gov.uk/pvglegislation

– Foillseachadh Alba

www.disclosurescotland.co.uk/

– Prìomh Bhuidheann Clàraichte ann an Alba

www.crbs.org.uk/

– Apex Scotland

www.apexscotland.org.uk/

9. TUILLEADH FIOSRACHAIDH

Airson tuilleadh fiosrachaidh cuir fios gu:
Sgeama Dìon Buidhnean So-leònte, Sgioba Buileachaidh
Riaghaltas na h-Alba

Fòn: 0131 244 4907
Postd: pvg.enquiries@scotland.gsi.gov.uk

Airson Cànan Soighnidh Bhreatainn, fuaim, Cànan nan Dall, clò nas motha agus tionndaidhean cànan coimhearsnachd, cuir fios gu:
0131 244 4907

Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2009
Air fhoillseachadh an toiseach le Riaghaltas na h-Alba, Màirt 2009
Tionndadh ath-sgrùdaichte air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, Màirt 2010

Tha an sgrìobhainn seo cuideachd ri fhaotainn air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba:
www.scotland.gov.uk

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2010

Foillsichte le Riaghaltas na h-Alba, Gearran 2010

Tha an sgrìobhainn seo cuideachd ri fhaotainn air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba: www.scotland.gov.uk

RR Donnelley B63771 02/10

ISBN: 978-0-7559-8262-2

www.scotland.gov.uk